

Mearachdan Cumanta

Ann an a' cholbh chli, gheibhear mearachdan cumanta ann an sgrìobhadh. Sgrìobh an rud ceart sa cholbh dheis:
(Gheibhear an cruth ceart agus mìneachadh shìos.)

1.	's	
2.	a h-uile daoine	
3.	ag èiridh	
4.	an-dè sin a ràdh	
5.	na luchd-ionnsachaidh	
6.	an uairsin	
7.	an-dràsda	
8.	a nis	
9.	às a' bhad	
10.	bha e nas sine	
11.	bha i a bruidhinn	
12.	bhiodh mi	
13.	bho duine	
14.	chaidh e a-staigh	
15.	cothrom Gàidhlig a' bhruidhinn	
16.	dhachaidh	
17.	dhan chlann	
18.	gu robh	
19.	is caomh leum	
20.	nam bheachdsa	
21.	daoine a bha mi bruidhinn oirre	
22.	sgoiltean Ghàidhlig	
23.	tha e ag ràdh gum bidh	
24.	's toil leam ag èisteachd ris	
25.	tha mi ag iarraidh e	

1.	's	's: 's e an t-asgair a tha ceàrr: feumaidh duine smachd a ghabhail air a' chompiutair, ma nì e sin gun fhios!
2.	a h-uile daoine	<i>a h-uile duine:</i> bidh luchd-ionnsachaidh dualtach seo a dhèanamh.
3.	ag èiridh	<i>ag èirigh:</i> <i>gh</i> anns an ainmear ghnìomhaireach, ach <i>èiridh mi aig seachd.</i>
4.	an-dè sin a ràdh	<i>an dèidh sin a ràdh:</i> tha <i>an-dè a'</i> ciallachadh 'an latha ron an-diugh'!
5.	na luchd-ionnsachaidh	<i>an luchd-ionnsachaidh:</i> tha <i>luchd</i> singilte fireann.
6.	an uairsin	<i>an uair sin:</i> trì facail fa leth.
7.	an-dràsda	<i>an-dràsta:</i> cleachd <i>st</i> an àite <i>sd</i> , ach ann an <i>Ùisdean, Alasdair, criosdaidh 7c.</i>
8.	a nis	<i>a-nis:</i> mar as trice, cleachd tàthan ann an co-ghnìomhairean nach atharraich: <i>an-diugh, a-nochd, a-màireach.</i>
9.	às a' bhad	<i>anns a' bhad:</i> 's e <i>anns</i> a thathas ag ràdh an seo, chan e <i>às</i> ; ma tha thu feuchainn ri dualchainnt a shealltainn, sgrìobh <i>a's a' bhad.</i>
10.	bha e nas sine	<i>bha e na bu shine:</i> ach <i>tha e nas sine:</i> feumaidh na tràthan aontachadh ri chèile.
11.	bha i a bruidhinn	<i>bha i a' bruidhinn:</i> 's e giorrachadh a th' ann an <i>a'</i> (de <i>aig</i>) an seo, mar a chithear ann an <i>bha i ag ithe.</i>
12.	bhiodh mi	<i>bhithinn:</i> tha seo cumanta le luchd-ionnsachaidh.
13.	bho duine	<i>bho dhuine:</i> bidh <i>bho a'</i> sèimheachadh.
14.	chaidh e a-staigh	<i>chaidh e a-steach:</i> bidh cuid de dhualchainntean a' cantainn <i>thig a-staigh</i> gu nàdarra, ach 's e <i>thig a-steach</i> an cruth foirmeil: cleachd <i>a-steach</i> nuair a bhios cuideigin a' gluasad; cleachd <i>a-staigh</i> nuair a bhios cuideigin air stad.
15.	cothrom Gàidhlig a' bhruidhinn	<i>cothrom Gàidhlig a bhruidhinn:</i> sgrìobhaidh duine <i>a</i> a-mhàin an seo; chan e giorrachadh de <i>aig</i> a th' ann.
16.	dhachaidh	<i>dhachaigh:</i> tha am facal seo stèidhichte air <i>-(h)aigh.</i>
17.	dhan chlann	<i>dhan chloinn:</i> tha <i>clann</i> san tuiseal tabhartach an seo: <i>bha a' chlann a' bruidhinn ris a' chloinn eile.</i>
18.	gu robh	<i>gun robh:</i> fiù 's mura can thu an <i>-n</i> , sgrìobh <i>i.</i>
19.	is caomh leum	<i>is caomh leam:</i> bidh duine a' <i>leum</i> ann an spòrs!
20.	nam bheachdsa	<i>nam bheachd-sa:</i> tha <i>-sa a'</i> cur cuideam air <i>mo</i> an seo; chan eil e na phàirt

		den ainmear <i>beachd</i> .
21.	daoine a bha mi a' bruidhinn oirre	<i>daoine a bha mi a' bruidhinn orra:</i> 's e <i>oirre</i> an treas pearsa singilte boireann (<i>i</i>) ; 's e <i>orra</i> an treas pearsa iolra (<i>iad</i>).
22.	sgoiltean Ghàidhlig	<i>sgoiltean Gàidhlig:</i> 's e buadhair a th' ann an <i>Gàidhlig</i> an seo, agus cha bhi buadhairean a' sèimheachadh an dèidh ainmearan iolra ach nuair a bhios an t-ainmear a' crìochnachadh le connraig chaoil: <i>Na Fir Chlìs, caoraich mhaoile</i> .
23.	tha e ag ràdh gum bidh	<i>tha e ag ràdh gum bi:</i> cleachd <i>bidh</i> aig toiseach rosgrainn; cleachd <i>bi</i> an dèidh <i>gu: bidh mi ann seach gum bi mi saor</i> .
24.	's toil leam ag èisteachd ris	<i>'s toil leam èisteachd ris:</i> tha abairtean mar <i>'s toil leam/bu mhath leam/feumaidh mi</i> ag iarraidh ainmear às an dèidh, agus chan eil ag na ainmear.
25.	tha mi ag iarraidh e	<i>tha mi ga iarraidh:</i> far am bi riochdair na chuspair ann an rosgrann le <i>a'/ag</i> agus ainmear gnìomhaireach, feumar <i>gam/gad/ga</i> is eile a chleachdadh is chan e na riochdairean sìmplidh mar <i>mi, thu, e</i> is eile.